

Cuir solas air. Cuir an telebhisean air. Tionndaidh suas an teasachadh. Teairrdsich am fòn agad. Bruich an dinnean. Tha barrachd is barrachd de dh'uidheam dealanach ann an taighean. Ach faodaidh inneal dealanach a tha ceangailte ri solar na cumhachd teine adhbharachadh. Tha sinn a' ciallachadh gu bheil cunnart nas mothu ann gum biodh teine san dachaigh agad.

## ► CUIR ÀS

Cuir às agus thoir am pluga à innealan leithid an telebhisein, innealan-nigheadaireachd agus car-thiormadairean nach eilear ga dèanamh gus a bhith air am fàgail air ghleus. Tha e gu sònrachite cudromach nuair a bhios tu nad chadal, no air falbh bhon taigh.

Is e cur dheth aig an t-socaid agus a' tarraing a' phlug a-mach an aon dòigh gus a bhith cinnteach nach eil dealan sam bith a' sruthadh tro inneal. Chan eil direach a' cleachdadh suidse na socaide sàbhailte seach gum faodadh an suidse a bhith easbhaidheach.

A bharrachd air a bhith gad chumail sàbhailte, tha suidseadh dheth agus a bhith a' toirt a' phlug a' rudan aig a' bhalla a' caomhnadh dealan is airgead dhut! Tha innealan leithid reothadairean, bhideothan le ùineadairean agus fònaichean gun chùird gan dèanamh gus a bhith air am fàgail air ghleus.

## ► FAIGH AN T-SRADAG CHEART

Faodaidh obair dhealanachd air a cur a-steach gu clearbach do chur ann an cunnart. A bheil thu a' gabhail beachd air dealanair a chur air dòigh gus obair nad dhachaigh?

Tadhail air: [www.findanelectricianscotland.com](http://www.findanelectricianscotland.com)


Faigh dealanairean ionadail, clàraichte a thathar a' meas gu cunbalach le aonan de na buidhnean-gníomhachais seo: SELECT, NICEIC, NAPIT

Carson a thaghadh tu dealanair clàraichte?

- Tha iad ag obair a rèir inbhe BS7671 a thaobh sàbhailteachd
- Tha an obair aca ga meas gu cunbalach
- Tha iad fo àrachas agus mar sin tha thu air do dhion
- Is e feumalachd laghail a th' ann an cuid de dh'obair dhealanach

## ► CUIMHNICH

- Cleachd am fiùsa ceart an-còmhnaidh
- Na cuir cus uallaich ann an socaidean
- Na ruith càballan dealanach fo bhratan-ùrlair
- Na caraich agus na cuir càballan ri chèile a-rithist le teip-dealachaidh
- Cleachd plaideachan-dealain gu sàbhailte
- Cuir às



Tadhail air [www.firescotland.gov.uk](http://www.firescotland.gov.uk) airson comhairle phractaigeach mu shàbhailteachd-teine. Air neo bruidhinn ris an luchd-smàlaidh ionadail agad. Gheibh thu fios mu chonaltradh air an làraich-lin, san leabharlann ionadail agad agus ann an leabhar nam fòn.

Ma tha thu ag iarraidh copaidh den sgriobhainn seo ann an rìochd eadar-dhealaichte no dreach ann an cànan eile, curiibh fios gu **0800 0731 999**.


### GUS CUAIRT AN-ASGAIDH MU SHÀBHAILTEACHD-TEINE AIG AN DACHAIGH A CHUR AIR DÒIGH

Cuir fòn gu **0800 0731 999**

Cuir teacsa 'FIRE' gu **80800**

no tadhail air [www.firescotland.gov.uk](http://www.firescotland.gov.uk)

Gus **CUAIRT AN-ASGAIDH MU SHÀBHAILTEACHD-TEINE AIG AN DACHAIGH** a chur air dòigh  
Cuir fòn gu **0800 0731 999**  
Cuir teacsa 'FIRE' gu **80800**  
no tadhail air [www.firescotland.gov.uk](http://www.firescotland.gov.uk)



## Fios.

Feadhainn de na h-adhbharan **as cumanta** airson **teintean** anns an **dachaigh** is e mì-chleachdadh innealan dealanach, uèirean-treòrachaidh is innealan easbhaidheach.



Translated and printed with funding from Bòrd na Gàidhlig

v2.3 Máirseáil 2021



**Tha innealan aig an dachaigh, telebhiseanan, coimpiutairean, siostaman-ciùil, innealan-direachaidh fuilt, nigheadairean-shoithichean, innealan-còcaireachd agus innealan-nigheadaireachd nam measg ag adhbharachd lasadh gu cumanta.**

## ► CUIR DHETH MA THA THU A-MUIGH NO NAD CHADAL

Ann an Alba, bidh teintean aig an taigh le bathar geal a' tachairt cha mhòr gach là. Na fag innealan leithid nigheadairean-shoithichean, car-thiormadairean agus innealan-nigheadaireachd air gheus nuair a tha thu a-muihg no nad chadal.

## ► CLÀRAICH AN T-UIDHEAM AGAM

Feuch gu bheil fios agad mu chomhairle mu shàbhailteachd no mo ghairm air ais bathair airson nan innealan dealanach agad. Gabh tiotan gus sùil a thoirt timcheall air an dachaigh agad agus clàraich do chuid innealan aig [www.registermyappliance.org.uk](http://www.registermyappliance.org.uk)

## ► THOIR SÙIL AIRSON GAIRM AIR AIS BATHAIR

Faodaidh tu sùil a thoirt cuideachd air liosta a' bhathair air a gheirm air ais air làrach-lin Electrical Safety First gus faighinn a-mach a bheil am bathar agad fhèin air an liosta mar nì air a ghairm air ais. Tadhail air [www.electricalsafetyfirst.org.uk/product-recalls](http://www.electricalsafetyfirst.org.uk/product-recalls)

## ► INNEALAN-DIREACHAIDH FUILT

Faodaidh innealan-direachaidh fuit losgadh mòr a thoirt air cloinn. Tha iad nas teotha na iarrann dachaigheil no coire a' goil. Dèan cinnteach gun cuir thu dheth iad an dèidh a bhith gan cleachdadh agus far nach ruig clann orra.



## ► CARSON A THA AN T-SRADAG CHEART CHO CUDROMACH

Tha am fiùsa ann am pluga na innleachd-sàbhailteachd a 'shèideas' ma thig easbhaidh air uidheam dealanach. Bidh e a' gearradh an dealain dheth gus stad a chur air inneal dol na theas agus teine adhbharachadh. Thoir sùil air stiùireadh an t-saothraiche gus dèanamh cinnteach gu bheil am fiùsa ceart air a chur a-steach dhan a h-uile h-inneal agad. Mar threòrachadh anns an fharsaingeachd mu fhiùsaichean.

### FIÙSA 3 AMP

- lampairean/solais ti taobh na leapa
- telebhiseanan/réidiothan
- plaideachan-dealain
- cluicheadairean hi-fi/dvd
- stèiseanan-docaiddh
- cleocan/coimpiutairean
- consoilean gheamaichean

### 13 AMP FUSE

- innealan-fionnarachaidh
- teasadairean
- coireachan/tòstairean
- innealan-nigheadaireachd/tiormachaidh
- iarannan
- innealan-direachaidh fuit


\* Seo direach treòrachadh. Thoir sùil air stiùireadh an t-saothraiche.

## ► DÈ THA CEÀRR AIR A' CLEACHDADH INNEALAN-RÈITEACHAIDH

Nuair a bhios tu gan cleachdadh gu sàbhailte, bidh innealan-rèiteachaidh a' leigeil leat plugadh a-steach ann am barrachd is aon inneal a-steach ann an socaid dhealanach. Ach ma chuir 4 eas tu cus ullaich air an inneal-rèiteachaidh, faodaidh e teine adhbharachadh. Seach inneal-blocaidh a cleachdadh, cleachd inneal-rèiteachaidh le iomadh socaid le dòn an aghaidh bòcaidh.


Dèan cinnteach daonnan gus bheil fiùsa air an inneal-rèiteachaidh agad agus comharr'a 'kite' bho Intertek British Electrotechnical Approvals Board (Intertek BEAB).

Na cleachd barrachd is aon inneal-rèiteachaidh anns gach socaid.



Cha bu chòir gun cleachdadh uidheam ceangailte ris an innealan-rèiteachaidh barrachd air 13 ampaichean de dhealan uile-gu-lèir.

Thoir sùil air leabhairchean-làimhe nan innealan airson fios.



## ► CÙM A' PHLAIDE-DEALAIN AGAD SÀBHAILTE

Chan eil plaideachan a' mairsinn gu siorraidh. An dèidh dhan Bharantas ruith a-mach – an dèidh 3 bliadhna mar as trice – bu chòir gum biodh a' phlaide air a bhith air a cur gu deuchainn is air a riarrachadh gu cunbalach leis an t-saothraiche. Ach thoir sùil air a' chosgais. Faodaidh gum bi e nas saoire dhut plaide ùr a cheannach. Bu chòir gum biodh a' phlaide ùr agad air a ceadachadh le Intertek BEAB no air a chomharrachadh BSEN60335-2-17:2002+A1,A2. Is fheàrr ma tha siostam-sàbhailteachd dòn-teasa air a chur a-steach ann.

Cleachd a' phlaide agad gu sàbhailte:

- Lean stiùireadh an t-saothraiche an-còmhnaidh
- Na fág plaide-dealain air a cur air nuair a bhios tu san leabaidh nas lugh na tha i air a comharrachadh 'suitable for night use'
- Ceangail na fo-phlaideachan gu tèarainte ris an leabaidh
- Thoir sùil air a' phlaide,
- a' phlug a is an fhleisg gu cunbalach airson milleadh (m.e. aodach sgaoilteach, comharraidhean greadaidh, uèirean nochdte). Ma tha teagamh sam bith ort, na cleachd a' phlaide
- Taisg plaideachan-dealain gu sàbhailte – roilig agus na fill iad